

Aithisg

Bhliadhnail

Ath-bhreithneachadh na Bliadhna 09/10

# Tha coilltean, craobhan agus fearann

**coillteach** a' cuideachadh muinntir na h-Alba gu mòr – cruth-tìre, bith-iomadachd, obraichean, trèanadh, goireasan agus cur-seachadan còmhla ri buannachdan eile. Tha an Ath-bhreithneachadh Bliadhnail seo mar chomharradh air na prògraman, na com-pàirteachasan agus air muinntir Coimisean na Coilltearachd Alba ann an 2009/10, agus anns na duilleagan seo gheibh sibh eisimpleirean de mar a tha ar n-obair gu sònraichte a' cuideachadh sluagh na h-Alba.

## clàr-innse

### clàr-innse

Chair's Introduction

Ro-ràdh a' Chathraiche

Director's Introduction

Ro-ràdh an Stiùiriche

Climate Change

Atharrachadh Gnàth-shìde

Timber

Fiodh

Business Development

Leasachadh Gnothachais

Community Development

Leasachadh Coimhearsnachd

Access and Health

Slighe agus Slàinte

Environmental Quality

Gnè Àrainneachdail

Biodiversity

Bith-iomadachd

Around Scotland

Mu Thimcheall Alba

Financial Highlights

Puingean Ionmhasail

Annexes

Leas-phàipearan

**Ag àrach ginealach nas fhallaine le bhith a' brosnachadh chloinne ann an Uddingston gu bhith a' coiseachd no a' rothaireachd don sgoil.**

## **Ro-ràdh a' Chathraiche**

**Seo a' chiad bhliadhna agam mar Choimiseanair na Coilltearachd agus bha an cothrom agam cuideachd a bhith nam Chathraiche air Comataidh Nàiseanta na h-Alba.**

Tha dàimh fada air a bhith agam le Coimisean na Coilltearachd Alba (FCS) ach 's ann nuair a thòisicheas tu a' bruidhinn ris an luchd-obrach a gheibh thu fìor thuigse air an doimhneachd a tha a' tighinn fo sgàil coilltearachd. Bho brosnachadh chloinne Uddingston gu bhith a' coiseachd no a' rothaireachd don sgoil gu taic iomamhilleanan ann am muilnean giullachd fiodha; bho bhith ag obair leis an NHS gus amannan leighis a luathachadh agus a' dìon ghnèithean ann an cunnart. Tha an liosta gun chrich, ach 's e tha seasamh a-mach dhòmhsa, dealas luchd-obrach FCS don bhuidhinn agus do choilltearachd san fharsaingeachd.

'S e cuspair chudromach th' ann an atharrachadh gnàth-shìde agus tha mi a' cur fàilte air Aithisg Read 'Cothachadh Atharrachadh Gnàth-shìde – Àite do Choilltean na Rìoghachd Aonaichte' a tha solarachadh fianais làidir airson cruthachadh fearann coillteach agus cleachdadh fiodha. Tha seo a' toirt barrachd gluasaid dhuinn an gealltanais a choileanadh gus fearann coillteach na h-Alba a mheudachadh bho 17% gu 25% anns an dàrna leth den linn seo.

'S e bliadhna tharraingeach agus dhùbhlanaich a th' air a bhith ann agus tha mi a' dèanamh fiughair ri dùbhlain na bliadhna a tha ri teachd.

### **Seumas MacLeòid**

Cathraiche Comataidh Nàiseanta na h-Alba

## **Ro-ràdh an Stiùiriche**

'B e bliadhna mhath eile a bha seo agus sinn a' dèanamh cinnteach gun cùm coilltearachd a' dol a' liubhairt anns gach sreath de dh'eaconamaidh na h-Alba agus beatha làitheil na h-Alba.

'S e rùn Riaghaltas na h-Alba, fàs seasmhach eaconamach a mheudachadh, le coilltearachd a' cur £670m ris sa bhliadhna thar diofar raointean. Mar eisimpleir, earrann an fhiodha agus giullachd; turasachd; cruthachadh agus stiùireadh fearann coillteach; bith-thomad airson teas agus cumhachd, agus leasachaidhean air an oighreachd coille nàiseanta.

B' e bliadhna dhùbhlanaich a bh' ann an 2009/10 do dh'eaconamaidh na h-Alba ach mhair an earrann giullachd fiodha agus bha tasgadh leanailteach ann an comasan ùra a thuilleadh air calpa brioghmhor ann

am bith-thomad.

B' e side a' gheamhraidh seo a bu chruaidhe a chunnaic sinn airson bhliadhnaichean, ach tro cho-obrachadh, thàinig againn air na buadhan air an earrann giullachd a chumail sìos agus chaidh oidhirpean sònraichte a dhèanamh taic a chur ri muilnean a bha fo bhagairt a bhith air an dùnadh.

Chaidh oidhirpean ana-mhòr a dhèanamh gus fiodh a chumail a' gluasad gus na goireasan againn a dhìonadh. Bha ar Ministearan taingeil airson a' chuideachaidh a thug sinn seachad agus bu mhath leam taing a thoirt do luchd-obrach FCS uile airson an dilseachd agus an obair chruaidh mu choinneamh nan suidheachaidhean neo-àbhaisteach.

## **B' e bliadhna dhùbhlanach a bh' ann an 2009/10 do dh' eaconamaidh na hAlba, ach mhair an earrann giullachd fiodha .....**

Tha sinn air sùbailteachd a dhìon do sgeamaichean coilltearachd Prògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba (SRDP), sgeama taic fearainn, coilltearachd agus sgeamaichean glèidhteachais nàdair. 'S e eileamaid nam Prìomhachasan Dùthchail a' phrìomh inneal liubhairt ann an cruthachadh fearann coillteach san SRDP eileamaid a chunnaic tòrr atharrachaidhean, a' gabhail a-steach reataichean meudaichte do chruthachadh fearann coillteach. Dèiligidh ar luchd-obrach le iarrtas suas gu £750 mìle le dùil gum fàs cùisean nas fhasa le bhith cruthachadh fearann coillteach.

Tha Atharrachadh Gnàth-shìde fhathast aig teis meadhain gach nì agus coilltearachd mar phrìomh dhual ann an dèiligeadh leis na buaidhean. Tha Aithisg Read a riochdachadh clach-mhìle shònraichte le bhith solarachadh fianais làidir gus coilltearachd a stiùireadh ann an làimhseachadh atharrachadh gnàth-shìde. Tha an rannsachadh ag innse gu bheil cruthachadh fearann coillteach sònraichte math air smachd a chumail air leigeil a-mach, agus tro làimhseachadh seasmhach, gualan a stòradh sa choille agus an 't-sèine fiodha' a mheudachadh. Tha cleachdadh fiodha ann an togail cuideachd a' seachnadh an leigeil a-mach co-cheangailte ri stuthan leithid stàilinn agus concrat. Tha sinn air a bhith a' roinneadh nan teachdaireachdan air feadh Alba agus cumaidh sinn oirn.

Tha an dàrna Frèam Planaidh Nàiseanta (NPF2) a' comharrachadh Lionra Uaine Meadhan Alba mar aon de 14 leasachaidhean nàiseanta. Tha seo a' togail air buannachdan fearainn coillteach, airson dòigh-beatha fhallain, leasachadh bhailtean agus leasachadh coimhearsnachd a thoirt gu buil, a thuilleadh air feabhas a thoirt air bith-iomadachd agus gnè àrainneachdail.

Mar an sealbhadair fearainn as motha ann an Alba, tha Coimisean na Coilltearachd Alba a' gabhail a dhleastanas fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le cùram, agus 's e glè bheag de dhaoine nach tuigeadh cudromachd na Gàidhlig ann an cruth-tìre, a tha a' solarachadh sgeul mun chuid mhòr de ar beanntan, Tha ceangal sònraichte le glinn 's coilltean. Tha ceangal shònraichte eadar Gàidhlig agus fearann oir, tha an aibidil Ghàidhlig stèidhichte air ainmean ar craobhan.

Tha sinn dealasach ann an amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig adhartachadh tro shreath de ghnìomhan le cinn-uidhe, agus chì sibh a' Ghàidhlig a' nochdadh anns an sgrìobhainn seo. Gheibhear an aithisg seo, anns a' Ghàidhlig, air an làrach-lìn againn.

Tha mòran dhaoine, bhuidhnean agus choimhearsnachdan ann dom bu mhath leam taing a thoirt airson an cuideachaidh le bhith dèanamh ar n-iomairtean soirbheachail rè 2009/10. Tha cuid mhòr dhiubh a' faighinn iomradh san aithisg seo. Tha min dòchas gu bheil an aithisg seo a' toirt dhuibh beag-dhealb air na thathar air a choileanadh agus far a bheil sinn a' planadh a dhol. Airson tuilleadh fios rach gu

**Bob Mac an Tòisich**

Stiùiriche Alba

Post-d: [fcscotland@forestry.gsi.gov.uk](mailto:fcscotland@forestry.gsi.gov.uk)

**Atharrachadh Gnàth-shìde agus Àrainneachd**

# Atharrachadh Gnàth-shìde

## Plana Liubhairt air Atharrachadh Gnàth-shìde

Chaidh am Plana Liubhairt air Atharrachadh Gnàth-shìde aig Riaghaltas na h-Alba fhoillseachadh san Ògmhios 2009, agus tha e ag aithneachadh mar a tha coilltearachd a' cuideachadh ann a bhith a' coinneachadh targaidean glòir-mhiannach an Riaghaltais a thaobh lùghdachadh air leigeil a-mach ghasaichean taigh-glainne, a rèir Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2009. Tha e a' togail air cudromachd connadh fiodha ann an cuideachadh le coinneachadh targaidean teas ath-nuadhachail. Tha e cuideachd a' stèidheachadh targaidean airson suas gu 15,000 heactair sa bhliadhna de fhearann coillteach a chruthachadh gus stòras coillteach na h-Alba a mheudachadh bho 17% gu 25% de fharsaingeachd talmhainn ron dàrna leth den linn seo – a' glasadh suas 4.4m tonna de CO<sub>2</sub> gach bliadhna.

[www.scotland.gov.uk/Publications/2009/06/18103720/0](http://www.scotland.gov.uk/Publications/2009/06/18103720/0)

## A' rannsachadh comas cumhachd ath-nuadhachail air oighreachd na coille nàiseanta

Tha Riaghaltas na h-Alba air targaid a stèidheachadh airson 50% de dhealan bho nithean ath-nuadhachail ro 2020. Mar thaic don seo, tha Achd Atharrachaidh Gnàth-shìde (Alba) 2009 a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba ar n-obair atharrachadh gus leasachadh air comas cumhachd ath-nuadhachail oighreachd na coille nàiseanta a ghabhail a-steach. Cuidichidh seo sinn le cumhachd gaoithe is uisge adhartachadh agus buannachdan a thèarainn don choimhearsnachd.

Tha sinn air cunnradh a shoidhnigeadh le Com-pàirteachasan Nithean Ath-Nuadhachail gus tuathanasan gaoithe a leasachadh ann am Meadhan na h-Alba agus sna Crìochan. Tha sinn a' rannsachadh roghainnean a thaobh obrachadh le com-pàirtichean malairt air pròiseactan cumhachd gaoithe air feadh na h-Alba. Dh'fhaodadh gum biodh dealan gu leòr air a ghineadh le gaoth air oighreachd na coille nàiseanta ron bhliadhna 2020, airson cumhachd a thoirt dha còrr agus millean dachaigh.

**Atharrachadh Gnàth-shìde agus an Àrainneachd**

## **A' tuigsinn buannachdan connaidh fiodha**

San Iuchair 2009, dh'aimnich Roseanna Choineagan, Ministear na h-Àrainneachd, gun robh Lionra Comhairle Bith-thomad Roinneil (RBAN) air a stèidheachadh, a tha air a phàirt mhaoinneachadh le Maoin Leasachaidh Roinnean na h-Eòrpa (ERDF). Tha am prògram a' cuideachadh ghnòthachasan agus a' choimhearsnachd air fad gus na buannachdan eaconamach is àrainneachdail ann a bhith a' cleachdadh fiodha, aithneachadh mar bhun cumhachd ath-nuadhachail. Bidh còig oifigearan fiosrachaidh RBAN a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' mhargaid a thaobh leasachadh connaidh fiodha a' ruighinn a làn-chomais.

Tha sinn ann an com-pàirt le Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na h-Alba, Ionad Cumhachd Bith-thomad Rannsachadh Coillteach agus Com-pàirteachas Lionra Uaine Gleann Chluaidh Ghlaschu.

[www.usewoodfuel.co.uk](http://www.usewoodfuel.co.uk)

## **A' brosnachadh cleachdadh air teas ath-nuadhachail**

Thàinig an treas cuairt de Sgeama £3.3m Teas Bith-thomad na h-Alba (SBHS) gu crìch sa Ghearran 2010, agus cuidichidh sin le taic air targaid an Riaghaltais a liubhairt, airson 11% de theas a thighinn bho bhunan ath-nuadhachail ro 2020. Tha e a' solarachadh thabhartasan airson siostaman teas bith-thomad a chur a-steach ann an togalaichean gnothachais agus ann an taisbeanairnean teas sgìreil. Gu ruige seo, tha tabhartasan de chòrr agus £2m air am buileachadh do 43 pròiseactan ùra airson cur-a-steach connadh fiodha. Tha an SBHS maoinichte le Coimisean na Coilltearachd Alba, Riaghaltas na h-Alba agus Maoin Leasachaidh Roinneil na h-Eòrpa.

[www.usewoodfuel.co.uk/ScottishBiomassHeatScheme.stm](http://www.usewoodfuel.co.uk/ScottishBiomassHeatScheme.stm)

## **A' Coimhead Air Adhart**

**Bidh e na phrìomhachas mu choinneamh na h-ath bhliadhna, crìoch a chur air ath-bhreithneachadh (stèidhichte air Ro-Mheasaidhean Gnàth-shìde ùra na Rìoghachd Aonaichte 09) de gheàrr-iomradh 2008 a thaobh nam buaidhean aig atharrachadh gnàth-shìde air coilltearachd ann an Alba. Bidh sinn a' cuimseachadh cuideachd air:**

- Leasachadh ar tuigse de na h-eileamaidean aig a bheil buaidh air fulangas 'coilltean san àm ri teachd';
- Foillseachadh Stiùireadh air Atharrachadh Gnàth-shìde agus Coilltean;
- Leantainn air adhart a' rannsachadh chothroman agus dhòighean ùra gus an ìre agus na seòrsaichean riatanach de chruthachadh fearainn coillteach a choileanadh;
- Leasachadh stiùireadh airson làimhseachadh practaigeach agus ro-innleachdail air bagairtean plàigh agus galair ann an coilltean na h-Alba; agus
- Cur an cèill mholaidhean a thaobh connadh fiodha agus coilltearachd ann am Plana Gniomha Teas Ath-nuadhachail agus Plana Gniomha Cumhachd Ath-nuadhachail.

Eaconamaidh

# Fiodh

**A' leantainn air adhart leis a' Phrògram Leasachaidh Fiodha**

Tha am Prògram Leasachaidh Fiodha a' leantainn air adhart a' toirt comais do roinn an fhiodha agus giullachd an luach as àirde agus a' mhargaid dheireannach as fheàrr a lorg airson fiodh na h-Alba. Tha buidheann obrach gnìomhachais a' leasachadh dàta nas mionaidiche bho choilltean a tha fo shealbh phrìobhaideach airson an ath roimh-aithris air toradh, agus ceadaichidh rannsachadh ùr tuairmse air gnè, a thuilleadh air uiread, a ghabhail a-steach.

Tro rannsachadh, tha sinn air ar n-eòlas fheabhasachadh a thaobh feartan fiodh a' ghiuthais Lochlannaich Sitka agus fiodhan boga malairteach eile, agus tha sinn a' cumail air adhart a' cur taic ri leasachadh roinn an fhiodha chruaidhe ann an Alba.

[www.forestry.gov.uk/TDP](http://www.forestry.gov.uk/TDP)

## A' cur taic ri iomchair fiodha

Tha a' Mhaoin Iomchair Fiodha Ro-Innleachdail gu làithreach làn fo-sgrìobhte. Tha a' Mhaoin a' comasachadh iomchair seasmhach air fiodh ann an sgìrean dùthchail na h-Alba agus ag amas air na buannachdan àrainneachdail, coimhearsnachd agus sòisealta as motha fhaotainn bho gach pròiseact. Anns na còig bliadhna a chaidh seachad, tha an Sgeama air còrr agus £14m a bhuileachadh air 38 pròiseactan aig luach iomlan de £31m.

Mar thoradh air fìor dhroch shuidheachaidhean a' gheamhraidh am-bliadhna, chaidh aon tairgse a-mhàin de £0.5m a thabhann bhon Mhaoin Dùbhlain do dh'ùghdarrasan ionadail gu cuideachadh le càraidhean freagarrach san àm air prìomh shlighean iomchair fiodha. Bha a' mhaoin seo tuilleadh is làn, agus bha seachd ùghdarrasan ionadail gu lèir soirbheachail ann am faotainn maoinachaidh airson slighean iomchair fiodha ro-innleachdail air feadh Alba.

[www.forestry.gov.uk/timberlink](http://www.forestry.gov.uk/timberlink)

[www.forestry.gov.uk/STTF](http://www.forestry.gov.uk/STTF)

Eaconamaidh

## Cleachdadh air connadh fiodha a' sìor fhàs

Tha ar Sgrùdadh Bliadhnaile air Iarrtas is Cleachdadh Connadh Fiodha a' nochdadh gu bheil iarrtas airson connadh fiodha ann an Alba a' cumail air a' fàs, agus tha tuairmse ann gu bheil e air meudachadh ceithir uiread sna còig bliadhna a chaidh seachad. A thuilleadh air factaraidh Cumhachd is Teas Pàipear Alba ann an Irbhinn, am-bliadhna thathar air dà mhuileann ghràinnein eile fhaicinn air am barantachadh:

Balcas ann an Inbhir Ghòrdain agus Gràinneanan Buthaid (Puffin Pellets) ann an Siorrachd Obar Dheathain. Tha iarrtas airson connadh fiodha mu choinneamh cleachdadh ionadail a' fàs cuideachd, agus bu chòir gum biodh taic a bharrachd do leasachadh a' tighinn bho Brosnachadh Teas Ath-nuadhachail a tha san amharc. Dh'fhoillsich Sgioba Gnìomha Connadh Fiodha àireamhan a thaobh comas ruigsinneachd agus tha sinn ag obair gus cruinneas nan àireamhan ùrachadh agus a leasachadh.

[www.forestry.gov.uk/woodfuelscotland](http://www.forestry.gov.uk/woodfuelscotland)

## A' Coimhead Air Adhart

**Bidh sinn ag obair còmhla ri feadhainn eile airson tuilleadh rannsachaidh a bharantachadh, gus an cuideachadh a dh'fhaodas fiodh agus stuthan fiodha a dhèanamh a chomharrachadh mar stuth togail ìosal ann an gualan. Bidh seo a' dèanamh suas pàirt a tha a' sìor fhàs sònraichte den phrògram obrach sna bliadhnaichean a tha ri teachd.**

**Rè na bliadhna a tha romhainn, bidh sinn:**

- a' leantainn air adhart ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba agus feadhainn eile air cùisean co-cheangailte ri solar agus iarrtas san amharc air snàithleach fiodha dachaigheil, fhad 's a tha gnìomhachas a' chonnaidh fhiodha a' cumail air a' fàs;

- a' brosnachadh barrachd cleachdaidh air fiodh, leithid buileachadh agus foillseachadh stiùireadh air còmhach fiodha;
- a' rannsachadh a' chomais airson toraidhean fiodha ùra leithid fiodh crois-lannaichte bho ghnèithean air am fàs aig an taigh;
- a' cur taic ri iomairtean gus èifeachdas an t-sèine solair fiodha a leasachadh; agus
- a' leasachadh earrann an fhiodha chruaidh agus an fhiodha bhuig as fheàrr, a' gabhail a-steach eagrachadh agus cuideachadh thachartasan gus tuigse a bhrosnachadh a thaobh a' chleachdaidh as fheàrr ann am fàs agus margaideachd cruaidh-fhiodhan susbainteach.

## Eaconamaidh

# Leasachadh gnothachais

## A' cur fearann coillteach gu feum don eaconamaidh

Nar Ro-Innleachd Leasachaidh Gnothachais, thog sinn air a' phàirt chudromach a tha aig coilltearachd ann an leasachadh comas eaconamach na h-Alba. Tha mu £670m ga chur ris gach bliadhna tro fhiodh agus turasachd, agus tha còrr air 31,000 obraichean, a' chuid as motha dùthchail, a' faotainn taic. Tha fearann coillteach na h-Alba gu làithreach a' toradh còrr agus 7 millean m<sup>3</sup> de fhiodh gach bliadhna agus tha thairis air 70% den seo air a làimhseachadh an seo ann an Alba le ar gnìomhachasan giullachd fiodha. Tha barrachd agus £250m air a chosg sna còig bliadhna a chaidh seachad, air leasachaidhean san earrann giullachd fiodha.

<http://www.forestry.gov.uk/businessdevelopment>

## Ag adhartachadh rothaireachd beinne

Tha rothaireachd beinne a' leantainn air adhart a' tarraing àireamhan mòra gu ar coiltean. Tha na 400,000 luchd-tadhail gu triallan rothair beinne 7stanes ann an Ceann a Deas na h-Alba, a' cosg còrr agus £9m gach bhliadhna. Tha sgioba 7stanes a' cumail air adhart ag obair cruaidh gus a' mhargaidh aca a leudachadh, agus thar na bliadhna a chaidh seachad, tha iad air a bhith a' coimhead ri Èirinn agus an Roinn Eòrpa airson luchd-tadhail ùra a tharraing.

Chaidh Frèam Ro-Innleachdail Nàiseanta 'Leasachadh Seasmhach Rothaireachd Beinne ann an Alba' fhoillseachadh tràth ann an 2010, a' dèanamh cinnteach gum bi Alba a' leantainn air adhart a' gabhail làn bhuannachd às an fhàs ann an rothaireachd beinne.

'S e goireas ùr luchd-tadhail a tha ga thogail a th' ann an Glentress Peel, le maoinachadh bho Iomairt Alba agus Spòrs Alba, ann an teis meadhain Pàirc Choillteach Ghlinn Tuaidh agus tha dùil fhosgladh as t-earrach 2011. Tha Pàirc Choillteach Ghlinn Tuaidh mar-thà mar an tarraing as motha do luchd-tadhail ann an Crichean na h-Alba, le 270,000 luchd-tadhail sa bhliadhna agus bidh Glentress Peel na phrìomh thaisbeanadh don sgìre.

[www.forestry.gov.uk/recframework](http://www.forestry.gov.uk/recframework)

## Eaconamaidh

### Trèanadh an ath ghinealach

Tha a' bhliadhna seo air soirbheachadh leantainneach ar sgeama foghlam-ciùird ùr fhaicinn, a tha air a thighinn an dèidh còig bliadhna, gu bhith na stiùir chliùiteach le 30 foghlamaiche ciùird clàraichte gu làithreach agus a' frithealadh 2 bhliadhna ann an àite coillteach no ag obrachadh inneil air an oighreachd choillteach nàiseanta.

Am-bliadhna cuideachd, bha Comann Toraidhean Coille na Rìoghachd Aonaichte soirbheachail ann am maoineachadh SRDP fhaotainn gus cùrsa air Leasachadh Sgìlean Obrachaidh Innealan ann an Colaiste Barony a chur air bhonn, airson suas ri 12 luchd-trèanaidh. Bha an cùrsa dian ochd seachdainean seo a' cuimseachadh air ionnsachadh sgìlean àrd-theicnigeach a thaobh nan innealan buain as ùire, a fhuairidh air iasad bho FCS agus John Deere.

## **A' buileachadh adhair dhorcha**

'S e Pàirc Choillteach Ghallghaidheil a' chiad Phàirc nam Speuran Dorcha san Rìoghachd Aonaichte. Tha an duais chliùiteach bho Chomann Eadar-nàiseanta nam Speuran Dorcha a' daingneachadh Gallghaidheil mar aon de na h-àiteachan as fheàrr san t-saoghal airson coimhead nan rionnagan.

Chaidh fàilte a chur air an duais le Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, a thuir gun cuidich e le Pàirc Choillteach Ghallghaidheil a chur fa chomhair an t-sluaigh agus tuilleadh luchd-turais a tharraing don sgìre.

[www.forestry.gov.uk/darkskygalloway](http://www.forestry.gov.uk/darkskygalloway)

## **Saor-làithean Coille**

Rinn Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, fosgladh oifigeil air làrach cèaban ùr £2.1m Saor-làithean Coille aig Loch Long, Àrd Ghartain san Dàmhair 2009; tha seo a' riochdachadh na h-ìre as deireannaiche de phrògram seilbh £8.5m Saor-làithean Coille ann an Alba.

## **Baile Chloichridh: Coimhearsnachd Sheunta**

Thug Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, seachad smachd gu foirmeil air Coille Sheunta do choimhearsnachd Bhaile Chloichridh san Dàmhair 2009. Chuir sinn an taisbeanadh fuaim is solais air bhonn ann an 2002, agus on uair sin tha e air fàs na iomairt phrothaideach a tha a' tarraing còrr agus 20,000 luchd-tadhail. Tha a bhith ga thoirt don choimhearsnachd ionadail a' ciallachadh gum bi an tachartas, agus an teachd-a-steach a thig às, a' leantainn air adhart an sin.

## **A' Coimhead Air Adhart**

### **Prìomh raointean obrach sa bhliadhna a tha ri teachd:**

- Cur crìoch air na sgrùdaidhean ion-dhèantachd a thaobh cothroman leasachaidh eaconamach eile ann an Coille Lianachain faisg air a' Ghearasdan agus Gleann Treis;
- Cur ri obair Bòrd Comhairleachaidh Ghnìomhachasan Coille gus ùr-ghnàthachadh, co-obrachadh agus farpaiseachd adhartachadh ann an leasachadh roinne;
- A' toirt aoigheachd còmhla ri ConFor do cho-labhairt mu na cothroman airson toraidhean fiodha is coilltearachd anns a' ghluasad gu eaconamaidh ìosal ann an gualan;
- Comharrachadh, còmhla ri gnìomhachasan coille, roinn nan sgìlean agus Riaghaltas na h-Alba, dè dh'fheumar a dhèanamh (agus cò a stiùireas) gus sgioba-obrach sùbailte sgìleil a liubhairt airson na 21mh linn: agus
- Ag obair le Oilthigh Napier, FEI agus com-pàirtichean eile, a' liubhairt pileat air dreuchdan beatha, gus boireannaich òga a bhrosnachadh a dh'ionnsaigh dreuchd-beatha ann an coilltearachd.

Conaltradh Coimhearsnachd

# Leasachadh coimhearsnachd

## A' cruthachadh Lìonra Uaine Meadhan Alba

Chuir Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, Lìonra Uaine Meadhan Alba air bhog san t-Sultain 2009 – a' phròiseact raon-uaine as motha san Roinn Eòrpa – a tha a' sìneadh bho Inbhir Àir, Inbhir Chluaidh agus Siorrachd Dhùn Bhreatainn san taobh an iar gu Fìobha agus Lodainn an Ear san taobh an ear. Tha a' phròiseact ghlòir-mhiannach seo, aon de na 14 Leasachaidhean Nàiseanta ann an dàrna Frèam Planaidh Nàiseanta an Rìaghaltais, ag amas air Meadhan Alba a dhèanamh na àite far a bheil an àrainneachd a' cuideachadh choimhearsnachdan is ghnìomhachasan gu fàs.

Tha sinn nar co-stiùirichean air an iomairt còmhla ri Dualchas Nàdair na h-Alba, agus tha sinn air taic a chur ri stèidheachadh Bòrd Com-pàirteachais, fastadh Neach-Cathrach, Cè Geddes, agus stèidheachadh Aonad Taic a dh'aon ghnòthaich. Tha dreach plana obrach air ullachadh a tha ag amas air suidheachadh cruth-tìre thuineachaidhean a leasachadh, còmhach de fhearann coillteach a mheudachadh, àrainnean bìdeagach a cheangal ri chèile agus beatha ùr a thoirt don dìleab de fhearann bàn agus trèigte, a dh'fhàg an linn gnìomhachais às a dèidh.

[www.centralscotlandgreennetwork.org](http://www.centralscotlandgreennetwork.org)

## Neartachadh Choilltean mu thimcheall Bhailtean (WIAT)

Tha ar prògram soirbheachail WIAT a-nis sa chòigeamh bliadhna agus tha sinn air a bhith a' coimhead ri àite fearann coillteach sna bailtean ath-bhreithneachadh, a thaobh cur ri leasachadh eaconamach. Chomharraich an ath-bhreithneachadh seo prìomh chùisean leithid leasachadh air sgilean agus trèanadh, a tha gam fighe a-steach do leasachadh na tritheamh cuairt de WIAT (bho 2011/12). Tha sinn cuideachd a' cur air bhonn Lìonra Nàiseanta de phrìomh làraich WIAT. Bidh na làraich ag obair mar eisimpleirean fad-ama de stiùireadh choilltean seasmhach baile thar nam prìomh cheithir sgìrean baile ann an Alba.

[www.forestry.gov.uk/WIAT](http://www.forestry.gov.uk/WIAT)

A' liubhairt ceum atharrachaidh ann an gnè àrainneachdail

## Conaltradh Coimhearsnachd

## Cumail air adhart le Sgeama Fearainn Coillteach Nàiseanta

Tha Sgeama Fearainn Coillteach Nàiseanta (NFLS) a' solarachadh chothroman do choimhearsnachdan air fearann fhaotainn gus an rùintean leasachaidh ionadail a choinneachadh, a' gabhail a-steach fearann airson taigheadas air am faodar ruigsinn. Am-bliadhna, fhuair aonta airson 35 taighean a bharrachd a thogail air am faodar ruigsinn, air an dèanamh a-mach às an fheum as àirde air fiodh agus toraidhean an fhiodha. Mar eisimpleir, chaidh aonta a chur ri ochd taighean teaghlaich agus trì bungalothan ann an Ae, tuath air Dùn Fris. B' e Ae a' chiad baile coilltearachd ann an Alba air a thogail ann an 1947 san robh luchd-obrach Coimisean na Coilltearachd a' còmhnaidh.

[www.forestry.gov.uk/nfls](http://www.forestry.gov.uk/nfls)

## Ath-sgrùdadh Choilltean airson Ro-Innleachd Ionnsachaidh

Dh'aithris Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, gu bheil coilltean agus fearann coillteach mar “an connadh ùr ionnsachaidh” nuair a chuir i air bhog ar Coilltean airson Ro-Innleachd Ionnsachaidh sgrùdaichte. Tha sin ag amas air buaidh a thoirt air gràin do chunnart agus comann fuireach a-staigh an latha an-diugh, agus a’ solarachadh dòigh làmhachail air foghlam chloinne a leasachadh. Le 90 sa cheud de sgoiltean na h-Alba dìreach aon chilemeatair bho fhearann coillteach, tha àrainneachd nàdarra ionnsachaidh aig a’ mhòr-chuid de sgoilearan air an stairsnich aca, a tha cuideachd a’ solarachadh dòigh inntinneach is spòrsail air cuideachadh le tuigse na cloinne do chùisean cudromach leithid atharrachadh gnàth-shìde.

[www.forestry.gov.uk/woodsforlearning](http://www.forestry.gov.uk/woodsforlearning)

## A’ Coimhead air Adhart

**Rè na bliadhna a tha romhainn, thèid prìomhachas a thoirt do leasachadh Lìonra Uaine Meadhan Alba agus do thogail com-pàirteachais èifeachdach eadar an raon fharsaing de na buidhnean liubhairt. Bidh sinn cuideachd a’ cuimseachadh air an Sgeama Fearainn Coillteach Nàiseanta a leudachadh gu gabhail air màl, aon uair 's gu bheil an t-solar iomchaidh na àite.**

**Tha prìomhachasan eile a’ gabhail a-steach:**

- Foillseachadh aithisg adhartais air a’ chiad còig bliadhna de WIAT;
- Rannsachadh an àite san amharc aig WIAT ann an cur taic ri liubhairt atharrachadh gnàth-shìde Riaghaltas na h-Alba agus prìomhachasan ath-nuadhachaidh eaconamach;
- Dèanamh cinnteach gu bheil comas cumhachd uisge is gaoithe na h-oighreachd coille nàiseanta air adhartachadh ann an dòighean a tha a’ glacadh bhuannachdan don choimhearsnachd;
- Cur taic ri trèanadh stiùirichean Coimhearsnachd, Cur-Seachadan is Turasachd anns gach Sgìre Coille;
- Cur taic ri seilbh agus stiùireadh coimhearsnachd air an oighreachd coille nàiseanta far an tarraing seo buannachdan meudaichte.

Conaltradh Coimhearsnachd

# Slighe agus slàinte

## Ùrachadh Ro-Innleachd Coilltean airson Slàinte

Chuir Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, ar ro-innleachd air Coilltean airson Slàinte air bhog (An t-Ògmhios 2009), a tha a’ mineachadh na slighe agus an leasachaidh air ar n-obair slàinte. Tha sinn a’ toirt Plana Gnìomha co-cheangailte air adhart còmhla ri prìomh luchd-seilbh, a’ gabhail a-steach an Com-pàirteachas Eacarsaich Uaine, sa bheil sinn fhìn nar buill còmhla ri SNH agus NHS Slàinte Alba.

[www.forestry.gov.uk/WoodsforHealth](http://www.forestry.gov.uk/WoodsforHealth)

## A’ Cluiche gu Nàdarra

Chuidich sinn le leasachadh air an ‘Dlùth-choille Baile’ – àite cluiche nàdarra airson ionnsachadh gnìomhach a-muigh aig Bun-sgoil Merrylee ann an Glaschu. Tha e a’ co-cheangal a-steach fheartan a dh’iarr na sgoilearan agus a’ gabhail a-steach cruic agus lagain feurach, craobhan, clachan agus uachdairean eadar-dhealaichte leithid gainmheach agus greabhal. Tha a’ chlann a-nis nas gnìomhaiche agus nas cruthachaile nam modhan cluiche agus tha barrachd

den ionnsachadh aca a-muigh. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil clann a tha a' cluich a-muigh nas buailtiche a bhith gnìomhach nuair a tha iad nan inbhich. Tha an obair seo ga adhartachadh agus air a ghabhail os làimh le sgoiltean eile air feadh Alba.

## **Com-pàirteachadh ann an Ospadalan ag Adhartachadh Slàinte**

Mar phàirt de iomairt 'Ospadalan ag Adhartachadh Slàinte', tha sinn ag obair aig grunn làraich ospadail gus Oighreachd an NHS a dhèanamh uaine. Bidh na làraich seo a' taisbeanadh mar a thathar a' cleachdadh fearann nan ospadal airson buannachdan slàinte slànachaidh do dh'euslaintich agus buannachdan slàinte bacadh do luchd-obrach, luchd-tadhail agus muinntir na coimhearsnachd ionadail. 'S e Ospadal Ninewells ann an Dùn Deagh aon de mhòran làraich far a bheil sinn ag obair air fearann an ospadail a dhèanamh "uaine". Aig toiseach cùise, bha cothrom agus seallaidhean aig an ospadal air fearann pàirce agus fearann coillteach, ach tha tuilleadh leasachaidh air crìonadh a thoirt air gnè an fhearainn agus ruigsinneachd air an fhearann. Tha sinn ag obair le com-pàirtichean gus fearann coillteach a dhealbhadh, a dh'ath-bheothaicheas dreach-tìre an ospadail agus a dhealbhas raon-uaine ruigsinneach agus fearann coillteach a bhios na bhuannachd do dh'euslaintich, luchd-obrach agus muinntir na coimhearsnachd ionadail.

### **Dlùth-choille Baile**

'S e raon cluiche nàdarra a th' ann an "Dlùth-choille baile" airson ionnsachadh gnìomhach a-muigh. Chaidh a cho-dhealbhadh le sgoilearan Bun-sgoil Merrylee, agus tha e air bhith cho soirbheachail agus gu bheil sgoiltean eile air feadh Alba a' togail air a' bheachd.

## **Conaltradh Coimhearsnachd**

### **Sgaoileadh a-mach gu Soirbheachail**

Bhuannaich Sgaoileadh A-Mach, a' solarachadh raon-uaine agus gnìomhachdan gleidhidh do dhaoine le trioblaidean slàinte inntinn, duais Mhìcheil Varnam mar aithneachadh air sàr-thaic do Shlàinte, Daonnachd agus Àrainneachd. Tha an duais ga buileachadh air bunait bhliadhnail le Comann Slàinte Poblach na Rìoghachd Aonaichte.

Rinn sinn luachadh air a' phrògram 12 seachdainean agus tha ar toraidhean a' nochdadh gu bheil ìre àrd de chrìochnachadh air a' phrògram, meudachadh cudromach ann an gnìomhachd chorporra agus gluasad làidir a dh'ionnsaigh feabhas ann an slàinte inntinn agus corporra.

[www.forestry.gov.uk/branchingout](http://www.forestry.gov.uk/branchingout)

[www.ukpha.org.uk/annual-public-health-forum/michael-varnam-award.aspx](http://www.ukpha.org.uk/annual-public-health-forum/michael-varnam-award.aspx)

### **Siubhal gnìomhach don sgoil**

Tha sinn ag obair ann an com-pàirt gus siubhal gnìomhach gu Àrd-Sgoil Uddingston a bhrosnachadh. Tha an sgrùdadh ag amas air siubhal gnìomhach a leudachadh tro mheudachadh air an àireamh de sgoilearan, pàrantan agus luchd-obrach a' coiseachd agus a' rothaireachd don sgoil tro 'transaichean còmhdaidh uaine'. Chomharraich suirbhidh cnapan-starra leithid droch sholas, frith-rathaidean mì-chòmhnard, dùmhachd trafaig agus dìth solais trafaig. Tha sinn a' leasachadh thriallan le slighean comharraichte air frith-rathaidean, fearann coillteach agus sràidean a' leantainn dìreach chun na sgoile. Bidh a bhith gnìomhach sna tursan làitheil a' cuideachadh ri dèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde agus reamhrachd agus bidh na buannachdan slàinte a' leantainn orra fad ar beatha.

### **A' Coimhead air Adhart**

'S e ar prìomh amasan mu choinneamh na h-ath bhliadhna:

- Cur ri feabhasachadh slàinte agus cumhangachadh a’ bheàirn slàinte ann an Alba le bhith a’ meudachadh na h-àireimh de dhaoine a tha a’ tadhal air fearann coillteach agus a bhios gu bitheanta a-muigh às an taigh;
- Leudachadh luachadh air iomairtean coilltearachd sòisealta ann an suidheachaidhean cùram slàinte, a’ gabhail a-steach suidheachaidhean co-cheangailte ri fearann coillteach ospadail;
- Cothrom air fearann coillteach a dhèanamh nas fhasa do gach earrann den chomann shòisealta;
- Cleachdadh ruigsinneachd air fearann coillteach airson feabhas a thoirt air slàinte inntinn is corporra ann an Alba, a’ gabhail a-steach cumhachdachadh bùird slàinte gus gabhail ri seirbheis Sgaoileadh A-Mach do dh’euslaintich, a’ cleachdadh seirbheisean slàinte inntinn; agus
- Solarachadh raon nas motha de dhòighean sam faod daoine tlachd a ghabhail às na fearainn choillteach.

# Gnè Àrainneachdail

## Aithisg Read

Chaidh an aithisg ‘Cothachadh Atharrachadh Gnàth-shìde – àite do choilltean na Rìoghachd Aonaichte’ a chur air bhog air 25 Samhain 2009. Chaidh am measadh neo-eisimeileach seo a bharantachadh le Coimisean na Coilltearachd gus sgrùdadh a dhèanamh air comas chraobhan is fearann coillteach na Rìoghachd Aonaichte air maothachadh agus mùthadh mu choinneamh atharrachaidhean nar gnàth-shìde.

Tha an sgrùdadh seo air fhaicinn mar a’ chiad mheasadh nàiseanta de sheòrsa san t-saoghal, agus tha e air a bhith a’ tarraing ùidh bho dhùthchannan eile a tha dealasach a thaobh am planaichean agus am poileasaidhean fhèin a chumadh mu choinneamh atharrachadh gnàth-shìde.

A’ labhairt aig foillseachadh na h-aithisg, thuirt an t-Àrd-Ollamh Read:

“Tha ar rannsachadh air fad a’ comharrachadh gum faod coilltearachd cuideachadh brìgheil le luach an airgid a thoirt do thargaidean dùbhlanaich na Rìoghachd Aonaichte a thaobh leigeil fa sgaoil.

“Le bhith a’ meudachadh ar còmhach chraobhan, ’s urrainn dhuinn gualan a ghlasadh suas gu dìreach. Le bhith a’ cleachdadh barrachd fiodha mar chonnadh agus stuthan togail, faodaidh sinn sàbhalaidhean a dhèanamh le bhith a’ cleachdadh nas lugha gas, ola agus gual agus le bhith a’ cleachdadh fiodh air a thoradh gu seasmach an àite stuthan nach eil cho bàidheil don ghnàth-shìde.

“Ged a tha brìgh àicheil aig mòran de na ceumannan a thathar a’ cleachdadh airson lùghdachadh a dhèanamh air leigeil fa sgaoil, faodaidh cur chraobhan a bhith na fhuasgladh buannachdail dha-rìribh: ’s fìor thoil le daoine craobhan, tha sinn a’ faighinn buannachd asta ann a leithid de dhiofar dhòighean agus tha fios againn a-nis gum faodadh pàirt chudromach a bhith aca ann an lùghdachadh leigeil fa sgaoil dà-ocsaid gualain san Rìoghachd Aonaichte.”

[www.forestry.gov.uk/readreport](http://www.forestry.gov.uk/readreport)

## Cuimseachadh air Atharrachadh Gnàth-shìde – cothroman agus bagairtean

Tha aithneachadh do chomas brìgheil coilltearachd ann an ceumannan dìon àrainneachdail a’ sìor fhàs – tha seo a’ sìneadh tarsainn air raointean leithid làimhseachadh cunnart tuiltean nàdarra, lùghdachadh ann an crìonadh, maothachadh air truaillleadh sgaoilte, agus smachd air

gnàth-shìde baile. Tha e cuideachd ga nochdadh ann an obair ro-innleachdail leithid: *Frèam Maothachaidh Gnàth-shìde agus Frèam Ùir Alba* aig Riaghaltas na h-Alba (tha sinn nar buill de Bhuidheann Fòcas air Ùir agus tha sinn ag obair gus tuigse agus mothachadh a thogail a thaobh àite coilltearachd ann an stiùireadh seasmhach air a' ghoireas ro chudromach seo).

Thàinig Achd Stiùireadh Cunnart Tuiltean (Alba) (2009) gu bith san t-Samhain agus tha sinn gu dlùth an sàs na bhuileachadh, gu h-àraid a thaobh an t-àite a tha aig fearann coillteach ann an dèiligeadh le tuiltean nàdarrach.

[www.scotland.gov.uk/Topics/Environment/Water/Flooding/FRMAct](http://www.scotland.gov.uk/Topics/Environment/Water/Flooding/FRMAct)

## Atharrachadh Gnàth-shìde agus Àrainneachd

### Dealbhadh Fearann Coillteach Baile

Tha ar cùrsa trèanaidh ùr-ghnàthach air Dealbhadh Fearann Coillteach Baile a' taisbeanadh mar a tha dealbhadh a' cur gu deimhinneach ri cinn-uidhe Coilltean ann agus mu thimcheall Baile a thaobh: cruthachadh fearann coillteach ùr; a' toirt fearann coillteach a tha fàs fo stiùireadh gnìomhach; agus ag obair le daoine gus an cuideachadh le am fearann coillteach ionadail a chleachdadh. Tha an cùrsa cuimsichte orrasan a tha an sàs ann an cruthachadh agus stiùireadh fearann coillteach a tha gu bhith air a chleachdadh gu gnìomhach le coimhearsnachdan ionadail. Tha e a' taisbeanadh mar as urrainn do dhealbhadh phlanaichean, coimhearsnachdan a chuideachadh gus tuigsinn nam buannachdan ann am molaidhean a thaobh fearann coillteach a th' ann no fearann coillteach ùr. Tha dòighean air conaltradh le muinntir na coimhearsnachd gus an toirt a-steach don phròiseas agus gus dèiligeadh le giùlain mì-shòisealta, air an taisbeanadh cuideachd.

### Ag obair le chèile airson na h-àrainneachd eachdraidheil

Tha sinn air co-aonta a shoidhnigeadh le Alba Eachdraidheil (An Giblean 2010). Tha e a' suidheachadh dàimh obrach nas aonaichte agus nì e an fheum as fheàrr de stiùbhardachd na h-àrainneachd eachdraidheil, far a bheil coilltean agus fearann coillteach. Bidh na buidhnean ag obair còmhla gus Plana Gnìomha de ghnìomhachdan obrach sònraichte ullachadh agus aontachadh, agus gus a bhith cinnteach à leasachadh air poileasaidhean practaigeach agus seasmhach a tha a' gabhail cunntas air miann an dà bhuidhinn.

### Stiùireadh agus rannsachadh na h-àrainneachd eachdraidheil

Chuir Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, ar foillseachadh ùr air bhog leis an ainm Fiosrachadh mu Àrainneachd Eachdraidheil agus Comhairle do Stiùirichean Coille is Fearann Coillteach ann an Alba (Lùnastal 2009). Tha e a' togail air ar n-Aithris Poileasaidh fon ainm Fearann Coillteach Alba agus an Àrainneachd Eachdraidheil, agus tha e air a dhealbhadh mar mhapa-slighe gus stiùirichean coille a chuideachadh ann an lorg an fhiosrachaidh as buntainniche agus comhairle co-cheangailte ris an àrainneachd eachdraidheil.

### A' Coimhead air Adhart

**Sa bhliadhna a tha romhainn, bidh sinn ag adhartachadh Inbhe Coilltearachd UK ùr agus am pasgan Stiùiridh co-cheangailte ris. Bidh sinn cuideachd ag obair air:**

- Cuideachadh le dìon a chur air goireas uisge, ùir agus èadhar na h-Alba;
- Cur ri cruthan-tìre tharraingeach agus eadar-mheasgte na h-Alba; agus
- Cuideachadh le stiùireadh air àrainneachd eachdraidheil na h-Alba agus le mhìneachadh 's le thlachd.

# Bith-iomadachd

## IYB2010

Chunnaic an Fhaoilleach 2010 Bliadhna Eadar-nàiseanta Bith-iomadachd ga chur air bhog agus tha sinn uailleil gu bheil sinn nar pàirt de shubhachas cruinneil do lusan is ainmhidhean, daoine is àiteachan an t-saoghail. Bho shealladh Alba, tha sinn air a bhith a' cur taic ri prògram thachartasan an Riaghaltais, agus bidh sinn a' leantainn air adhart le ar dealas a thaobh dìon agus àrdachadh bith-iomadachd gach seòrsa fearainn coillteach.

## Feabhasachadh suidheachadh fearainn coillteach

Air an oighreachd coille nàiseanta, tha 94% de làraich comharraichte do fhearann coillteach a-nis ann an suidheachadh fàbharach no a' dol am feabhas. Tha sinn ag obair le SNH, Coimisean Fiadh na h-Alba agus Roinn Sgrùdaidh is Pàighidhean Dùthchail Riaghaltas na h-Alba, gus manaidsearan fearann coillteach prìobhaideach, le làraich comharraichte do fhearann coillteach, a bhrosnachadh gus an suidheachadh a leasachadh. Tha mòran den obair air a gabhail os làimh agus tha sgeamaichean a tha ann an seilbh phrìobhaideach a' tòiseachadh gu bhith air an toirt a-steach fo stiùireadh, tro Phlana Leasachadh Dùthchail na h-Alba – Cùmhnantan Leasachaidh Dùthchail.

[www.forestry.gov.uk/sppws](http://www.forestry.gov.uk/sppws)

## Meudachadh air cleachdadh Cùmhnantan Leasachaidh

### Dùthchail Plana Leasachaidh Dùthchail na h-Alba

Tha sinn a' faicinn barrachd togail air tabhartasan gus fearann coillteach a th' ann a ruith agus fearann coillteach ùr dùthchasach a chur. Tha tabhartasan na bliadhna seo, airson taic do 15,000 heactairean de stiùireadh coille seasmhach agus faisg air 4,700 heactairean de choilltean ùr dùthchasach, air an aontachadh.

## Sgrùdadh fearann coillteach

### dùthchasach na h-Alba

Tha tùs-suirbhidh sia-bliadhna gus a' chiad làn-chlàr a chruthachadh den fhearann choillteach dhùthchasach a tha air fhàgail ann an Alba, air a bhith a' dèanamh adhartais math am-bliadhna. Air a choileanadh le Coimisean na Coilltearachd Alba, le taic bho Dhualchas Nàdair na h-Alba (SNH), tha Suirbhidh Fearainn Coillteach Dùthchasach na h-Alba (NWSS) ag amas mion-fhiosrachadh a libhrigeadh air meud, nàdar agus suidheachadh fearann coillteach dùthchasach anns na sgìrean ùghdarras ionadail uile ann an Alba. Chaidh a' chiad dà aithisg fhoillseachadh còmhla ri dàta suirbhidh a tha ri fhaotainn air-loidhne, gus a dhèanamh comasach do shealbhadairean agus manaidsearan fearainn coillteach, buidhnean com-pàirteachais agus ùghdarrasan ionadail, am pròiseasan planaidh is co-dhùnaidh agus stiùireadh fearainn coillteach fhiosrachadh.

[www.forestry.gov.uk/nwssreports](http://www.forestry.gov.uk/nwssreports)

## Liubhairt notaichean gnìomha ghnèithean

Tha ar sreath de Notaichean Gnìomha do phrìomh ghnèithean fearainn coillteach fo chunnart, a-nis crìochnaichte, leis na trì mu dheireadh air an cur ris am-bliadhna. Tha na Notaichean

Gnìomha Deireannach, mar phàirt de ar prògram bith-iomadachd Coilltean do Nàdar, a' mìneachadh na h-obrach a tha sinn a' dèanamh do dhealan-dè nan oirean neamhnaideach agus leumadairean breac-bhallach, agus aiteann.

Ann an com-pàirteachas le Glèidhteachas Dealain-dè na h-Alba, tha sinn air a bhith a' comhairleachadh manaidsearan fearainn air stiùireadh freagarrach agus bunan taic thabhartasan airson an dà ghnè de dhealan-dè. Le taic bho Beatha Lusan, Rannsachadh Coille agus SNH, chùim sinn co-chonaltradh ag adhartachadh prògam glèidhteachais an aitinn, agus tha luchd-obrach air a bhith a' cruinneachadh dearcan aitinn gus sgoil-àraich aitinn a stèidheachadh mar bhun lusan san àm ri teachd de thùsan eadar-mheasgte.

## **Stèidheachadh làraich gleidhidh don fheòrag ruadh**

Fhuair a' cho-chomhairle air a' bheachd-smuain mu làraich gleidhidh don fheòraig ruaidh taic làidir agus bidh sinn ag obair gus 18 raointean coille a phlanadh agus a stiùireadh. Chuir Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan, fàilte air na toraidhean a chì còrr agus 80,000 heactairean de fhearann coillteach, agus Eilean Arainn, air an stiùireadh gus cuideachadh le dìon a chur air na h-àireamhan de fheòraig ruaidh a tha fhathast beò san dùthaich.

[www.forestry.gov.uk/strongholdsconsultation](http://www.forestry.gov.uk/strongholdsconsultation)

## **Leasachadh lionraidhean àrainn fearann coillteach dùthchasach**

Tha sinn air stiùireadh fhoillseachadh (An Dàmhair 2009), Leasachadh Lionraidhean Àrainn Fearann Coillteach Dùthchasach, gus cuideachadh le taic do mhanaidsearan fearainn a tha a' planadh fearann coillteach dùthchasach ùr no coilltean neo-dhùthchasach atharrachadh. Chuir Ministear na h-Àrainneachd, Roseanna Choineagan fàilte air an fhoillseachadh, a chuidicheas le dèanamh cinnteach às na buannachdan bith-iomadachd as àirde le bhith a' dlùthachadh fearainn coillteach dùthchasach, far an cuidich lionraidhean àrainn le gnèithean a tha an eisimeil fearann coillteach, gus leudachadh a-mach agus atharrachadh mu choinneamh nithean leithid atharrachadh gnàth-shìde.

[www.forestry.gov.uk/habitatnetworkguidance](http://www.forestry.gov.uk/habitatnetworkguidance)

## **A' Coimhead air Adhart Bidh prìomhachas sònraichte ga thoirt ann an 2010-11 do:**

- Àrdachadh liubhairt air targaidean fearainn coillteach airson leudachadh, suidheachadh agus ath-ùrachadh tro Phlana Leasachaidh Dùthchail na h-Alba (SRDP);
- Leasachadh ar tuigse de agus freagairtean poileasaidh do na buaidhean aig atharrachadh gnàth-shìde air bith-iomadachd;
- Toirt cinn-uidhe stiùireadh ghnèithean a-steach do stiùireadh nas fharsainghe de fhearann coillteach, ann an dòigh phractaigeach agus sheasmhach;
- Leantainn air adhart a' leasachadh dòigh-obrach ro-innleachdail airson smachd agus bacadh a chur air trioblaidean bho *Rhododendron ponticum* agus gnèithean neo-dhùthchasach eile; agus
- Ag obair gus mothachadh a mheudachadh a thaobh bith-iomadachd fearainn coillteach mar phàirt de Bhliadhna Eadar-nàiseanta Bith-iomadachd 2010.
- Tha 2011 air a chomharrachadh mar Bliadhna Eadar-nàiseanta Choilltean, agus bidh sinn ag obair às leth Riaghaltas na h-Alba gus prògram iomchaidh thachartasan a chruthachadh, a bhios a' comharrachadh a' chuideachaidh agus a' bhuaidh dheimhinneach aig craobhan, coilltean agus fearann coillteach ann an Alba.

Mu thimcheall Alba:

## Dè eile tha sinn air a bhith a' dèanamh am-bliadhna?

### Cuiridh mi mud choinneamh<sup>4</sup>

#### **01 Srath Pheofhair: Srathpuffar le sneachd**

Ghabh an tachartas rothaireachd dian beinne, an Srathpuffar, àite ann am meadhan an Fhaoilich nuair a bha suidheachaidhean gearradhail glè chruaidh ann às dèidh seachdain a chur seachad a' cladhach amach lùib 10 cileameatair, gus dèanamh cinnteach gun deigheadh an rèis 24 uair a thìde, le 17 uairean a thìde de dhorchadas.

#### **02 Inbhir Pheofharain: Coilltean airson Slàinte**

Tha ar Comhairliche Slàinte sa Ghàidhealtachd a tha stèidhichte ann an Inbhir Pheofharain, air a bhith dripeil a' cur iomairtean ùra air bhonn, a' gabhail a-steach a bhith ag obair le 'Coisich a-mach sa Ghàidhealtachd' gus cuairtean slàinte gnìomhach a bhrosnachadh.

#### **03 An Gleann Mòr: taisbeanadh annasan an fhearainn choilltich**

Thug taisbeanadh ùr – 'Gnìomhan do Choilltean Beinne' – ann an Ionad Tadhaill a' Ghlinn Mhòir cothrom do luchd-tadhail faighinn amach mu gach nì mu dheidhinn mar a tha lus an agus beathaichean ag atharrachadh agus a' dèiligeadh le àrainnean beinne a tha doirbh agus garbh.

#### **04 Beinn Achaidh: a' leasachadh ruigsinneachd**

Dh'obraich sinn le tionnsgnadh Triallan Gnìomhach Ciorraim Obar Dheathain agus le Urras Ionad Bheinn Achaidh gus prògram farsaing a thoirt gu buil, cocheangailte ri leasachaidhean air na slighean, na goireasan agus air mìneachadh sa cheàrnaidh seo a tha air a mheas agus air a dheagh chleachdadh.

#### **05 Siorrachd Obar Dheathain: luchdsgithidh Clais an Daraich ann an Olampaicean a' Gheamhraidh**

B' e Coille Chlais an Daraich an tàite trèanaidh a bha aig dithis den luchdsgithidh tar-dùthchail bho Sgioba GB na bliadhna seo aig an hOlampaicean Geamhraidh. Tha Clais an Daraich a' gleidheadh tòrr sneachda tron gheamhradh agus tha slighean ann air an sònrachadh airson sgitheadh tar-dùthchail.

#### **06 Fìobha an Iar: Leasachaidhean Ruigsinneachd Cardenden**

Tha sinn air a bhith ag obair le Buidheann Àrainneachd Cardenden gus na cachaileithean a-steach don fhearann choillteach ionadail a leasachadh, gus sgudal a ghlanadh, craobhan agus fàs-bheatha a sgioblachadh agus frithrathaidean a chàradh.

#### **07 Siorrachd Pheairt: Craobhandurcain Eadarnàiseanta nar Cùram**

Tha sinn ag obair le Gàrradh Luibheòlais Rìoghail Dhùn Èideann gus craobhan tearc agus annasach bho thall thairis a shàbhaladh bho bhith air chall nan àrainn nàdarra. Bidh luchd-sealg lus an latha andiugh a' cruinneachadh stuth bho na craobhan sin gus lus an a thoirt gu buil ann an ionad-àraich RBGE, agus an uair sin bidh iad air an cur ann an àiteachan sàmhach air feadh Siorrachd Pheairt.

#### **08 Loch Abar: Buain chraobhan air Planntachas Nàdair Nàiseanta Ghleann Chripeadail**

Stiùir sinn gnìomhobrach às leth SNH, gus còrr agus 100m<sup>3</sup> de dh'fhiodh a bhuaibh à Planntachas Nàdair Nàiseanta Ghleann Chripeadail (NNR) Ghleann Chripeadail. Chaidh am fiodh a ghiùlain air bàta bho chladach a deas Loch Suineirt gu muilinn-sàbhaidh Balcas ann an ceann a tuath na hÈireann.

#### **09 Obar Phuill: Lamhallain a' tilleadh**

Tha lamhallain gan toirt a-steach do làraich fhliuch athnuadhaichte ann an sgìre Obar Phuill. Tha iad air am briodadh bho lamhallain a chaidh a ghlacadh bho thùs air làrach leasachaidh faisg air Glaschu. Bha sinn ag obair ann an compàirteachas le SNH, Comann Ainmheòlasach Rìoghail na hAlba, Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn 's na Tròsaichean agus Cochomhairleachd Derek Gow Earranta.

## 10 Muile: ag obair le Sgioba Tim

Bha ar narceòlaiche ionadail, Mata MacRisnidh, agus luchdobraich ionadail ag obair le Sgioba Tim Sianal 4 gus làrach caibeil a rannsachadh air Eilean Mhuile. Chaidh am prògram amach air an èadhar anns a' Ghiblean 2010.

## 11 Siorrachd Rinn Friù an Ear: A' fosgladh agus a' leudachadh Whitelee

Chaidh Tuathanas Gaoithe Whitelee, an tuathanas gaoithe air tìr as motha san Roinn Eòrpa agus a tha air Mòinteach Eaglesham, fhosgladh sa Chèitean 2009 leis a' Phrìomh Mhinistear, Ailig Salmond. Dh'ainmich e cuideachd gu bheil cead air a thoirt airson leudachadh de 36 rothuidheam eile a chur ris na 140 a th' ann.

## 12 Meadhan Alba: A' conaltradh ri daoine

Tha sinn air Romena Huq fhadstadh mar Oifigear Conaltraidh gus ar nobair a leudachadh tarsainn meadhan Alba. Tha Romena ag obair air a bhith a' stèidheachadh dhàimhean le buidhnean agus coimhearsnachdan aig nach eil gu làithreach a' gabhail cothrom air fearann coillteach agus coilltean fhèin.

## 13 Dùn Fris: Latha Uile Chromasan Ae

Chùm sinn a' chiad tachartas de leithid airson luchdmarcachd ciorramach agus neochiorramach fhaighinn amach air ar triallan '7stanes'. Thadhail còrr agus 80 duine a' choille gus gach nì fheuchainn amach bho rothairean beinne le ceithir chuibhlichean gu carbadan fo chumhachd. Tha Coille Ae am measg a' chiad fheadhainn san RA le frithrathad sìosbruthaich a tha freagarrach do na ciorramaich – agus luchdmarcachd nach eil ciorramach. Air an latha, thaisbein buill Rough Riderz, club airson rothairean beinne ceithir-chuibhleach.

gus gach nì fheuchainn a-mach bho rothairean sìos-cnuic ceithir-rothach gu carbadan le cumhachd.

## 14 Na Crìochan: Gleann Treis a' cosnadh dhuaisean

Chaidh an duais airson 'An Ionad Triall as fheàrr san Rìoghachd Aonaichte' a bhuileachadh air Gleann Treis aig Duaisean Leughaidh Iris Aon-triallach 2009. Bhuannaich Club Rothaireachd nam Pùballan 'Tachartas na Bliadhna' aig Duaisean Bliadhnail Rothaireachd na h-Alba airson an Rèis Ìreil Rothaireachd Beinne aca do fo-aois 16 a tha ùr-ghnàthach is air a mòr-mheas, agus a chaidh a fhrithealadh le còrr agus 100 neach òg.

Thar an dà mhìos dheug a chaidh seachad, tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri sealbhadairean fearainn coillteach agus air an fhearann a tha nar cùram, gus cur a bhrosnachadh. Tha seo mar phàirt de ar targaid leantainneach a thaobh còmhach fearainn coillteach ann an Alba a mheudachadh gu 25% ron dàrna leth den linn seo.

Tha seo na phàirt de ghloir-mhiann leantainneach gus còmhach fearainn coillteach na h-Alba a mheudachadh bho 17% gu 25% ron dàrna leth den linn seo.

## Leas-phàipear 1:

# Cur agus làimhseachadh le taic thabhartasan

**Clàr 1: An raon cur don deach tabhartasan a phàigheadh ann an Alba sa bhliadhna a' crìochnachadh 31 Màirt 2010**

Fhuair 232 heactairean de chur ùr maoinachadh bhon Tàilleabh Làrachail

## SGEAMA THABHARTASAN FEARANN COILLTEACH

Craobhan-durcain	21	47	68
Duilleagan leathan	249	172	421

<b>Sgeama Thabhartasan Fearann Coillteach Iomlan</b>	<b>270</b>	<b>219</b>	<b>489</b>
--	------------	------------	------------

### **SGEAMA THABHARTASAN COILLTEARACHD na h-Alba**

Craobhan-durcain	104	4758	4862
Duilleagan leathan	510	855	1365
<b>SFGS Iomlan</b>	<b>614</b>	<b>5613</b>	<b>6227</b>

### **CÙMHNANTAN LEASACHAIDH DÙTHCHAIL IOMLAN**

Craobhan-durcain	218	55	273
Duilleagan leathan	870	82	952
Cùmhnantan Leasachaidh Dùthchail Iomlan	1088	137	1225

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu chur agus stiùireadh le taic thabhartasan ri fhaotainn air làrach-lìn Coimisean na Coilltearachd

### **Clàr 2: Raon don deach tabhartasan stiùiridh no stiùbhardachd a phàigheadh ann an Alba sa bhliadhna a' crìochnachadh 31 Màirt 2010**

Tabhartasan Stiùiridh WGS	4964
Tabhartasan Stiùbhardachd SFGS	24082

### **Làn-Iomlan**

Tha Coimisean na Coilltearachd Alba a' frithealadh mar stiùiriche coilltearachd do Riaghaltas na h-Alba agus cunntachail do Mhinistearan na h-Alba.

Cuiribh fios gu:

Coimisean na Coilltearachd Alba  
Oifis Nàiseanta  
Taigh Silvan  
231 Rathad Corstophine  
Dùn Èideann  
EH12 7AT

Fòn: 0131 334 0303  
Facs: 0131 316 6152  
Post-d: [fcscotland@forestry.gsi.gov.uk](mailto:fcscotland@forestry.gsi.gov.uk)  
Làrach-lìn: [www.forestry.gov.uk/scotland](http://www.forestry.gov.uk/scotland)

Ma bhios sibh ag iarraidh an fhoillseachaidh seo ann an cruth eile, mar eisimpleir, ann an clò mòr no ann an cànan eile, cuiribh fios gu:

An Sgioba Iomadachd  
Coimisean na Coilltearachd  
Taigh Silvan  
231 Rathad Corstophine

Dùn Èideann  
EH12 7AT

Fòn: 0131 314 6575  
Post-d: [diversity@forestry.gsi.gov.uk](mailto:diversity@forestry.gsi.gov.uk)

Foillsichte le Coimisean na Coilltearachd Alba – An Iuchair 2010